

A dark, atmospheric photograph featuring a person's face partially obscured by shadows and light rays. The scene is lit from behind, creating bright, glowing streaks of light that illuminate the person's features. The overall mood is mysterious and dramatic.

OBAIR BEATHA

OBAIR BEATHA

Alistair Paul

Gach còir glèichte. Tha còireachan an sgriobhaichemar ùghdar fo Achd
Chòireachan, Dealbhachaidh agus Stèidh 1988 dearbhte

© Alistair Paul 2023

Dealbh còmhdaich le Dejan Kršmanović

*Tharraingeadh corp à cridhe craoibhe
Spruis is malpas uasal; beò, a' bualadh
Cumhachd luasgadh buan na coille
Cagar mile uspagan analach na altan
Coach nan gaothan luaineach na chuislean
Iadhadh mall an fhàile thais is phlanntais
Beathach sgeunach is biastag riaslach
Air an ceannseachadh fo làimh an neach-ciùird
Air an ath-dhùsgadh fo làimh an neach-ciùil*

An Ceàrdair

B' e am fàileadh. Cha robh a shamhail ann. Bha am fàileadh searbh is aig an aon àm milis. B' e sin a' bhàirnis. Foidhpe sin bha fàileadh toinnte, cùbhraidh an fhiodha anns an robh fiadh dhen a h-uile rud a b' aithne dhan fhiodh 's e fhathast mar phàirt de chraoibh ann an coille. Dh'innis e mu chreutairean mòra is beaga, fungasan a dh'iadhadh mu fhreumhan is na h-oiteagan luaineach a bhiodh a sìor-chagar dhan fhiodh. Bha ùine air a dhol seachad bhon a chaideh an ghloadh-seiche a chur gu feum an turas mu dheireadh is bha fhàileadh targ air lagachadh, gus nach robh air fhàgail dheth ach fiadh fann air cùl nam fàilidhean eile. Cha bu luaithe a ruigeadh fàileadh na ceàrdaich na cuinnleanan aig Thomas Lennox bhiodh fhios aige gun robh e teàrrainte.

Dhùin doras na ceàrdaich aige is dh'fhàgadh àile bhreun sràidean Dhùn Èideann air a chùl. Dh'fhàgadh is a' ghlaodhraich bhon t-sràid a-muigh. Pios beag shuas an clobhsa cumhang anns an do laigh a' cheàrdaich bha margaid an anairt anns an Lawnmarket aig a h-àird is èigheachd nam marsanta a' bogadaich tron chlobhsa far an do mheasgaich i le sgalan nam ban-taighe gu h-àrd, 's iad a' crochadh an cuid nigheadaireachd thar a' chlobhsa. Ann an Dùn Èideann am meadhan an 18mh linn b' e rud prìseil is tearc a bh'ann an sàmchair. Thug

an t-sith faochadh do dh'innntinn riaslach Thomais. Bhiodh e feumach air nan robh e gu bhith a' coileanadh an obair mhionaideach a bha roimhe. Ach b' e am faochadh as mothà a fhuair e bho bhith a' dùnadh a-mach nan rudan nach gabh fhaireachadh no chluinntinn. Cho fad's a bhiodh e anns an tearman seo aige cha bheanadh buaireadh bho fhiachan no dàimhean briste ri Thomas Lennox.

Thug Thomas greis a' measadh an rioghachd bheag aige fhèin. An seo bha e ann an àite a thuigeadh e. Bha adhbhar aig gach inneal air a bheulaibh ri choileanadh; sgeilbean is locaran dhen a h-uile meud is cumadh, sàbhan, laghainnean agus drileachan. Is iomadh turas a laighe gach fear dhiubh na bhois is am fallas aice deargte na làmhrachan. Bha sgeulachd an iomadh ionnsramaid-ciùil a chiadh a thogail leis sgriobhte anns na sgrioban beaga an uachdar na being-obrach dharaich am meadhan na ceàrdaich. Air sgeulb bha sleath de chroghanan a ghlèidh nam broinn ulaidh phùdaran is chungaidhean; ola-frois-lìn, ola-chnòtha-Fhrangaich, òmar, bith-ghiuthais, maistig, freumh-mhàdair, fuli-dràgoin, fiadh-almaig, cèir-seillein is creamh air a thiormachadh am measg eile. Bha draoghachd anns na rudan seo is nan cuirte còmhla iad san dòigh cheart is le ealantas bheirte asta a' bhàirneis araid aig Thomas a tharraingeadh às an fhiodh an fhior ghnè aige is a bheireadh da ionnsramaidean an dath òir-dhearg ciar air an aithnichte iad. Rin toabh bha crogan làn bhruisean de dhiofar mheudan is chumaidhean.

An tac ris a' bhalla bha stòbha beag bunach anns an loisgeadh Thomas fiughill fiodha nuair a bhiodh iad aige air làithean fuar geomhraidh, agus air muin an stòbha sheas a' phoit dhubb anns an leaghadh Thomas an glaodh aige. Bha uair ann a loisgeadh Thomas gual anns an stòbha ach 's fhada a-nis bhon a bha de

dh'airgead aige a leigeadh leis gual a cheannach agus 's iomadh latha a chuir fuachd na ceàrdaich bacadh air obair.

Thug an corra sgealb fiodha a laigh air a' bheing-obrach fianais air an fhìdheall mu dheireadh a dh'halbh a' cheàrdach. Bha ùine air a dhol seachad, sia mìosan co-dhiù, bhon uair sin. Bha Thomas air a bhith teagmhach gum biodh e comasach dha ionnsramaid eile a thoirt gu buil. Bha fhradharc a' fàilleachadh air is cha robh na corragan pianail, air at, aige ag obair mar a b' àbhaist.

Bha na bliadhnaichean de ghanntar a' laighe air Thomas a-nis. Ach cha robh e cho faoin 's nach aidicheadh e gur e an dol a-mach aige fhèin gu ire mhòr a bu choireach son na stàide san robh e agus gun robh buaidh na dibhe a' dioladh air cuideachd. 'S iomadh latha nach biodh e ri fhaighinn sa cheàrdaich aige a lorgte e anns an tàbhairn an cuideachd chairdean. B' e fear dùinte a bh' ann an Thomas chanadh na cairdean sin. Ged a chòrdadh an còmhradh fiosrachail aige le comann an tàbhairn cha robh duine na mheasg a chanadh gum b' aithne dhaibh cò na smuaintean a bh' aige no, gu dearbh, cò e an duine air cùl an t-seanchais. Mas e 's gun tàinig e air Thomas na smuaintean falaichte aige fhèin a chur an cèill chanadh e nach robh e riaraichte leis mar a chaidh don bheatha aige. Cha b' e gun cuireadh cion airgid no airc dragh air fhèin ach bha fhios aige gun robh a bhean chòir is a luchd dàimh air a bhith airidh air beatha nas fheàrr.

Chaidh Thomas a null gu far an do laighe cruinneachadh de phìosan fiodha an tac ris a' bhalla is theann e ri rùrachadh tromhpa. Craiceann tioram cruaidh bodaich air fiodh blàth, bog. Thog e pìosan dheth, fear mu seach, dhan t-solas a bha a' fiaradh tron uinneig, is thug e greis a' sgrùdadadh nam fèithean a

lionsgar trompa is nam pàtaranan a dhealbhaich iad air uachdar an fhiodha. Chuir e dha shròn iad is leig e le fàile an fhiodha na cuinnleanan aige a lionadh. Thug e corra gnog le rùdan air clàr gach dèilidh. Bha guth fa leth aig gach phios.

Nam biodh faclan aig na guthan sin dh'innseadh iad mu mar a fhuair Thomas lorg orra an diofar àitean air feadh a' bhàile. B' fhada bhon a bha e air a bhith comasach dha am fiodh a b' fheàrr a thigeadh às an Fhraing no an Eadailt a cheannach, is gu cunbalach shiubhaileadh e taighean-saoir is làraichean togail a' bhaile an tòir air fiodha a bhathar a' tilgeil a-mach. Leis a' phailteas obair leasachaидh a bha a' dol b' e raon-seilge a bha air a bhith gu sònraichte torrach dha a bh' anns na làraichean far an robhar a' leagail seann thaighean a' bhaile. Sheasad e làithean aig na làraichean sin ach dè thigeadh asta. Cho luath 's a nochdadh pìos a bha gealltanach bhiodh e an làmhan Thomais mus rachadh e dhan tiene no mus fhalbhadh e an cois cuideigin eile. Cha robh àm ann a rachadh deagh-phìos fiodha seachad air Thomas. Bha e air mòr-iongnadh a chur air tè-frithealaidh tàbhairn an uair a thug e bhuaipe an clàr-gearraidh air an robh i ag obair. Bha a shùil air a bhith air fad na h-oidhche. Thug e corra ghnog dha is thuirt e rithe; 'Chì mi gu bheil deagh-fhidheall agad an sin.' B' e an ath-latha a thill e le clàr ùr finealta na làimh leis an do rinn e iomlaid son an fhiodha ris an robh e an geall.

B' seo an liut a bha aig Thomas; an guth a bha air a ghlèidheadh am broinn pìos fiodha a chluinntinn is a thoirt beò. B' e sin an rud a thug air seasamh a-mach bhon chòrr a bhiodh a' togail fhidhlean sa bhaile nuair a bha e aig àrd a chomais na òige. Is iomadh neach-ceàirde coileanta as urrainn fidhlean ealanta a thogail, ach feumaidh neach-ealain gus fidheall choileanta a thogail.

Bha na ceudan de dh'ionnsramaidean a chruthiach Thomas mar chlann dha agus bha cuimhne aige fhathast air an fheadhainn às fheàrr dhiubh. Bheireadh e furtachd dha na sheann aois gun robh na h-ionnsramaidean sin a cheart cho math ris an fheadhainn a thigeadh bho na ceàrdainchean a b' fheàrr ann am Paras no Lunnainn. Ach cha robh e air an amas a bh' aige thar chàich a choileanadh. B' e sin fidheall le anam a chruthachadh. Tha guth aig gach fidheall ach is aineamh a gheibhear fidheall le anam.

Cha bhiodh ach dòrlach dhiubh ri fhaighinn san t-saoghal air fad. Cha robh Thomas e fhèin ach air aonan dhiubh a chluinntinn na bheatha. Cha deidheadh an oidhche a chuala e fidheall Guarneri air a cluich an làmhan an fhìidleir *Louise Guilladot* às an Fhraing, a bha a' tadhal air a' bhaile, às a chuimhne gu bràth. Bha talla ciùil Naomh Cecilia shìos anns a' Chowgate air a lionadh an oidhche sin le ceòl bhon fhìdheall ga thoirt beò, mar gun robh na clachan iad fhèin air an dùsgadh gus seinn an co-sheirm leis. Bha cuimhne aige mar a thuit an luchd amharc luaisgeanach fo sheun don fhuaim, esan nam measg. B' e an dearbh oidhche sin a thug air teannadh ri togail fhìdhlean. Bha na sgilean a bhiodh a dhìth air aige mar tha ri linn na preantasachd saorsainneachd a fhuair e ann an ceàrdach athar na òige ged b' e greis on a chuir e cùl ris an obair sin is a bha e air a dhol a-steach dhan arm. Bha e aig an aois a bha e a' sìreadh beatha seasmhach gun aimhreit. Chitheadh Thomas gun robh freastal ga stiùireadh. Bha e mar neach air an tainig an càram an oidhche sin.

Cha leigeadh e le cothrom mar sin a' dol seachad air. Às dèidh a' chonsairt fhuair e air facal fhaighinn air an tè òg a bha air a bhith a' cliuch is rinn e am briodal is an sodal a b'fheàrr a bh' aige oirre, oir bha e dreachail is eirmseach an uair sin, gus an tug i cead dha sgrùdadh a

dhèanamh air an fhìdhéall aice. Agus sin a rinn e thar an dà latha eile a bha i gu bhith a' cluich aig an talla. Rinn e tomhas air meudan na fidhle, sgrùd e am fiadh, thug e sùil mhionaideach air mar a chaidh a cur ri chèile, is dh'fheuch e air tuairmse a dhèanamh air cò na cungaidean a chuireadh fear Guarneri a-steach dhan bhàirnis àraighe aige, a rèir a datha is a coltais. Sgrìobh e iad sin uile ann an leabhar-nòtaichean.

B' ann orra sin a thogadh Thomas na fidhlean a b' fheàrr is a b' ainmeile a rinn e. Bha àm ann a bha ainm is cliù aige sa bhaile ri linn; is a chante ris An Guarneri Albannach. Ach 's fhada bhon a thog e fidheall a b' fhiach. Bha am pailteas leisgeulan deiseil aige na cheann; gainnead fiodha mhath, na h-innealan aige a' dol a dholaidh, am fradharc aige a' dol am miosad, ach b' aithne dha, na chridhe, gur e a bu chòireach gun robh e air a mhisneachd a chall.

Air do Thomas cùl a' chruinneachaidh fiodha a ruighinn thàinig e air a' chorra phìos a bha e air glèidheadh tro na bliadhnaichean; spruis is malpas dhen inbhe as fheàrr a gheibhear. Thug sealladh an fhiodha air dath meala is lasrach an aon togail dha 's a thug e dha an latha e nochd luchd dheth às long ann an Lìte o chionn co-dhiù ficead 's a deich bliadhna. 'S fhada bhon a dh'fhalbh a' chuid as mothà dheth is e a-nis mar phàirt de dh'fhidhlean a bha air an sgaoileadh ann an taighean air feadh na h-Alba is cuid dhiubh thar na criche ann an Sasainn. Ach bha e air na piosan a b'fheàrr a ghlèidheadh, is e a riamh dhen bheachd gur ann asta sin a thigeadh sàr-obair a bheatha; obair a ghlèidheadh a chliù dhan t-siorrachd.

Ach gach triop a thogadh e na piosan thigeadh air an smaoin nach robh an t-àm freagarrach; gum feumadh e beagan ùine fhathast gus na sgilean aige a thoirt am

feabhas. Cha tàinig a riamh an t-àm freagarrach.

Thog Thomas na pìosan sin, fear mu seach, is chàraich e air a' bhòrd-obrach aige iad gu puingeil. Ann an drathair fhuair e lorg air an leabhar-nòtaichean ris nach do bhean e fad iomadh bliadhna is chàirich e sin air a' bhòrd ri taobh an fhiodha. Thog e dèile spruis is thug e gnog dha. Chluinneadh Thomas an guth binn, soillear a fhreagair e bho taobh a-staigh an fhiodha. Chuireadh e anam ris a' ghuth.

An Caraid

Misgear! Stròidhealach! Bleigeard! Peasan! Chaidh iad sin uile a chur às mo leth, is cha deidhinn às àicheadh gin dhiubh. Chan e 's gu bheil mi moiteil asta tuigidh tu ach sin cò mi, mise is na miltean eile a theàrn air taobh ceàrr sòisealtas Dhùn Èideann. Tha sinn mar na radain a dh'fhritheileas sràid is saibhir, daonnan fo thàir ach chan fhaighear cuidteas sinn. Is sinn Dùn Èideann cho math ris a' phlàigh luchd-lagha is mharsantan a thig beò air feòil an co-shaoranaich. Is innsindh mi seo dhut mun leithidsa; is uireasbhach an cuimhne a th' aca! Chan fhada bhon a bha sin mar aon is sinn a' gabhail còmhnaidh còmhla nar sitig air muin na creige, an guaillaibh a chèile. B' e tàbhairn an uair sin ar seòmarsuidhe, ar n-ofis is ar pàrlamaid. Cha robh neach-lagha ann a bha ro mhoitiel druthadh a ghabhail le neach-agairt no dìona nar cuideachd no marsanta nach dèanadh malairt ann nan robh cothrom ann bonn a sia a chosnad.

Ach aon uair 's gun do theannadh ris a' bhaile ùr a thogail aig astar bho samh an t-seann fir, nach iad a thrèig sinn, is iad an uair sin mar radain a' teicheadh bho soitheach a bha an impis a dhol fodha. Is aon uair 's gun do dh'falbh iad 's ainneamh a chithear iad taobh a-staigh

bhallachan an t-seanna bhaile is iad a-nis a' gabhail taobh thall na sràide gus ar seachnad. Ach coimheadaidh mi gu direach nan sùilean oir tha fhìos agam gur mise an sgàthan a dh'innseas dhaibh cò iad is cò às a thàinig iad, agus gur e siud adhbhar am fuatha is an dimeis. Is lèir dhomh mar a dh'obraigheas an inntinn is iad air an cuingealaichadh is air an dalladh le airgead.

Ged as truagh e mo chor an diùgh b' e sin iobairt a b' fhiach gus m'inntinn a chumail saor. Is tric a thèid e allaban tron na seann làithean a-nis. Agus is minig a nochdas mo dheagh charaid Thomas Lennox nam smuaintean. Nach iongantach e mar a dh'fheumas daoine coachladh mus cuir sin am meas orrra air an robh iad a riamh airidh? Gu dearbh 's iomadh frithrathad is taisteach air an deach ar n-inntinnean còmhla tro na bliadhnaichean. Ged nach canadh e mòran mu dheidhinn fhèin, is nach robh mi riamh eòlach air cò e dìreach, cha robh cuspair ann air nach dèanadh e seanachas a bha lèirsìnneach is ealanta. Dh'fhanadh muinntir an tàbhairn, don bu dual a bhith ràpach, nan tost a dh'èisteachd ris. Ach cleas nam fior luchd ealain uile bha taobh caochlaideach dhan duine. Tha fhìos gum b' urrainn dha a bhith gruamach is gum fàsadh e frionasach an uair sin air neo gum biodh e oidhcheannan sàmhach an oisinn a' bhàir gun fhacal às. 'S iomadh duine a chaidh a-mach air tro ùine ach dh'fan mi fhèin dileas dha; dhomsa bu mhotha a bhuidheann na uireasbhaidhean.

Cha chreid mi nach bu sinn an dithis mu dheireadh dhen bhuidheann againn; mise is Thomas còir. An fheadhainn nach deach às an rathad, chan eil for agam gu dè thachair dhaibh. B' e *Na Tuirc* a chanadh iad ris a' bhuidheann bhig againn an uair sin agus b' e *fail* a chanadh sinn ris an tàbhairn san tigeadh sinn còmhla;

agus gu deabha b' e a bha airidh air an ainm, is a h-uile gnè a rugadh do mhathar air an dinneadh a-steach ann. B' e daoine dhen a h-uile dreach is inbhe a lorgte sa bhuidheann againn air an iomadh oidhche a thigeadh sinn cruinn còmhla mun bhòrd thomadach aig cùl a bhàir. Mas math mo chuimhne be an Gearmailteach; neach ciùil a bh'ann; a chur air bhonn am buidheann. Joseph an e sin a b' ainm dha? Seagh, Joseph Schetkey; fear Geamailteach. Nar measg bha cleasaichean, uaislean, dotairean, ollamhan is luchd-ceàirde.

Bha agus sinne airidh air ar n-ainm mar *Tiurc*. Mar thorradh air ar cuid sgairt is meamna b' urrainn dhuinn cuideachd a bhith tuasaideach is pràbach. Bha sinn òg agus s' e dàn nam fear òg a bhith fada nan ceann. Bu tric a thigeadh an oidhche gu crich le chòmhrag is mìrian. Ach b' e sinn pàirt dhen spòrs a bha an lùib a' ghnothaich dhuinn is taobh a-staigh latha no dhà bhiodh sinn còmhla a-rithis gu cridheil, càirdeil.

Agus sin mar a chì mi Thomas nam inntinn; am fear òg a b' aithne dhomh an uair sin; am fear eireachdail a bha air ùr thighinn às an arm is e an geall air aghaidh a chur air beatha sòisealta is innleachdail a' bhaile. B' fheàrr leam gun a bhith a' smaoineachadh air mar am bodach seartga a fhuair mi aig a bheing-obrach is e air siubhal bho àmhghar a bheatha thalmhaidh. Bha iomadh latha air a dhol seachad bhon a chuala mi brath bhuaithe an latha ud. Cha b' e rud a-mach às an àbhaist a bh'ann an sin oir cha bhiodh sinn a' faicinn a' chèile cho tric 's a chleachd. Ach an turasa, air adhbhar air choireigin, bha rudeigin gam fhàgail fo imcheist is chuir mi romham tadhal air. B' fhada bhon a bha mi taobh a-staigh na ceàrdaich aige ged a bha àm ann a bhithinn a-mach 's a-steach gu cunbalach, mar a bhiodh na caraidean aige uile. Ach chuireadh mun aire dhuinn rè ùine nach

robh a' bhean aig an duine, Janet, riaraichte le sinn ga chur far obair no ga thàladh gu droch-ghniomh. Cha b' ann le maoidheadh no fairneart a chuir i ruag oirnn ach le dròch-rùn is diomb neo-labhairt.

Thug e beagan furtachd dhomh gun robh coltas sìtheil, sona na aodann is solas fann bhon uinneig a' fiaradh a-steach air tro duslach na ceàrdaich. Bha fidheall bhreagha na laighe air a' bheing ri thaobh; corp fairfe fiodha air ùr breith maille ri corp feòla crainntidh air ùr bàsachadh. Cho fhad 's a b' aithne dhomh bha greis mhath air a dhol seachad bhon a chaidh fidheall a choileananadh an làmhan Thomais. Gu dearbh bha mi air a bhith deimhinnte às, gu ruige seo, nach tigeadh fidheall eile gu bràth bhuaithe.

Phaisg mi an fhìdheall fon chòta-mhòr agam is ghabh mi sìos an rathad. Dh'fheumainn mo mhisneachd a thogail mus cuirinn aghaidh air bean Thomais is a dh'innssinn dhi mar a thachair is mar sin rinn mi air an tàbhairn bhon tàinig mi. Is lugha orm aideachadh, ach 's i an fhìrinne, gun tàinig e a-steach orm an fhìdheall a reic an sin is gum páigheadh e cuid na h-oidhche dhomh. Cha robh mi ach letheach slighe sìos an àrd-shràid nuair a rug cionta orm is a fhuair e làmh an uachdair orm. Thionndaidh mi air mo shàilean is thill mi gu taigh Thomais. Ghnog mi air an doras.

A' Bhean

Ann an sùilean an t-saoghail tha mi nam aonar bhon a dh'fhàgadh mi nam bhantrach. 'S iomadh bliadhna a-nis a tha m' aona mhac, Calum, air a bhith aig muir is chan fhaic mi e ach air an corra uair a gheibh e air fòrladh an dùthaich àraich. Cha chreid mi nach e dà bhliadhna a-nis bhon turas mu dheireadh a chunnaic mi e. Ach cha tèid mionaid seachad orm nach bi mi an cuideachd Dhè. 'S i a' chreag anns a bheil m' acair an sàs Eaglais Naomh Giles, agus tha e na chofhurtachd dhomh gu beil i a' laighe cho faisg orm. Chan eil mi nam aonar; fada bhuaithe. Tha m' anam air a thoirt suas Dha, is mi riaraichte gun do choilean mi dleastanasan mo bheatha. Thog mi am mac againn mar a b' fheàrr a b' urrainn dhomh, dh'fhritheil mi an teaghlaich beag agam mar bu dual dhomh, choilean mi na dleastanasan pòsaidh agam. Nach mi a b' fheudar teannadh ri obair nuair a dh'fhàs an t-airgead tearc? Is doilleir dhomh annis an obair-ghrèise a th' agam an seo nam làimh an solas fann an taighe is m' fhradharc a' fàilligeadh orm, ach cumaiddh mi orm cha fhad's a thèid agam air.

'S dòch nach tug mo bheatha an t-slighe a chuibrinnicheadh dha, chanadh tu, an uair a rugadh mi do theaghlaich beartach marsanta. Ach 's fhiosraich

dhomh gur e sin a' bheatha a thug Freastal dhomh is gum b' i mo chuid.

Ach chan eil sin a' ciallachadh nach fhaigh mi sòlas bho bhith a' cuimhneachadh air làithean m' òige; chan eil sin a' ciallachadh nach tèid agam air faighneachd bho àm gu àm dè a' bheatha a bhiodh agam mas e 's gun do ghabh i slighe eile. Dè a' bheatha a bhiodh agam mas e bràthair mo dhuine, Peadar, a phòs mi nuair a bha an cothrom agam? B' esan an dearbh seòrsa a bha mo theaghalach a' sùileachadh dhomh. Nuair a bha e a' suirghe orm bha e follaiseach gun robh e, mar tha, air a shlighe suas san t-saoghal ged a bha e fhathast òg. Bha e air a chùl a chuir ris a t-seòrsa obair-làimh a bha aig athair is fios aig a' bhalach ghlic a bh' ann gur ann an cois ceannachd is reic a gheibhte an t-airgead. An àite a bhith a' teannadh ri saorsainneachd, mar a bha an dùil dha, nach e a theann ri reic fiodha dha saoir is an uairsin a' ceannachd torradh an cuid saothrach a reiceadh e a-rithist aig prothaid. An-diugh tha mi a' creidsinn nach bi mairgead ann, cha mhòr, anns nach bi e an sàs is e a-nis air fear de na daoine as beartaiche is as ainmeile ann an Dùn Èideann, le taigh mòr leòmach aige shios sa bhaile ùr. Ciamar a bhiodh mo bheatha mas e mise a bha a' tathaich an aitreibh sin an àite na mna mheata a ghlèidheas e a-staigh ann an cuideachd peantaidhean is àirneis is na rudan prìseal eile a bhuineas dha.

Nach annasach e mar a dh'obraicheas ar cuimhne oirnn a' toirt ìomhaighean fuadain is coirbte fa near dhuinn? Nuair a sheallas mi air ais air mo bheatha chan e rathad soilleir na time a chì mi ach comharran air an sgapadh tro dreach-tìr doilleir. Nam measg tha aonan a sheasas a-mach thar chàich. B' e seo an oidhche a thachair mi ri Thomas son a' chiad uair. Bha rudeigin san adhar an oidhche ud, no 's dòcha gur e direach cleas-inntinn na

cailleige faoine. B' e oidhche bhreagha samhraidh a bh' ann is i na fèath; an seòrsa oidhche a gheibhear ach ainneamh ann an Dùn Èideann an corra uair a ghabhas gaoth a' chuain a tuath mu thàmh is nach snàig an hàr a-steach na h-àite. Bha na boireannaich a thùirl bhon t-sreach de charbadan taobh a-muigh Talla Ciùil an Naomh Cecilia, lainnireach nan dreasaichean dathte ann an grèin iosal an fheasgair. Feumaidh gun robh mi fhèin a cheart cho lainniraech ris a' chòrr san dreasa air dath smàraig a bha Peadar air ùr cheannach dhom an latha roimhe is, dha rèir, a thigeadh le dath mo shùilean. 'S mi a chreid e nuair a thuirt e rium gur mise an rud a b' àille a chunnac e a riamh an oidhche sin.

Bha na fireannaich sgairteil, sgèimheach, gu dearbh mar a bha Peadar; an làmh agam paisgte fo ghàirdean is sinn a' spaidsearachd a' steach dhan talla gu h-uaibhreach. B' ann air taobh thall an dorais a thachrainn ri Thomas son a' chiad uair far an robh e air a bhith a' feitheamh oirnn. Thilg e a ghàirdeanan mu bhràthair is chàraich e pòg aithgheàrr air mo ghruaiddh, rud ris nach robh mi an dùil is a chlisg mi feumaidh mi radh. Bho na snodhan-gàire a nochd air aodannan nam bràthair bha e foilliseach gun robh iad air an dòigh a bhith a' faicinn càch a chèile. Bha Thomas direach air tilleadh bhon arm an uair sin às dèidh dha grunn bhliadhnaichean a chaitheamh thall thairis. 'S e seo iomhaidh an duine agam as fheàrr leam glèidheadh nam inntinn; am fear òg dreachail an èideadh àlainn Rèisimeid Rìoghail na h-Alba le sheacaid dhearg is peitean geall.

Bha an talla loma-làn nuair a chaidh sinn ann is a dhinn sinn sinn fhèin a-steach dhan chùl. Tha cuimhne agam air an teas is fàilleadh fallais is analach seirbh a-staigh ann. Tha cuimhne agam air torman luaisgeaneach ghuthan. Ach bha sinn coma is fadachd oirnn an neach-ciùil a bha air ùr theachd a-null às an Fhraing a

chluiintinn. Gu dearbh cha b' e briseadh-dùil a fhuair sinn. Cluinnidh mi fhathast nam inntinn na puingean binn a dh'èrich bhon fhìdheall aig a' bhoireannach 's iad a' lionadh an talla.

Chanadh Thomas gur e sin an oidhche a thachair e ris an dà rud às mothà a thug buaidh air a bheatha. Bu mhise aonan dhuibh. B' e fidheall an tè eile. Mus tainig an consart gu crich cha robh sgeul air Thomas is e air dèanamh air cùl an àrd-ùrlair ach am faigheadh e sealladh air an annas-làimh a bha an tè Fhrangach air a chluich. Cha robh fhìos agam an uair sin gun robh e am beachd teannadh ri togail ionnsramaidean ciùil mar dòigh beòshlainte a choisinn.

"S e gille deannalach a th'anns mo bhràthair.' 'S math mo chuimhne mar a thuirt Peadar sin le gàire fhiùghanta. 'Nuair a gheibh e beachd na inntinn cha tèid a chur far a shlighe'.

B' e Peadar a chuir air a chois Thomas. B' esan a chuir Thomas an aithne buill Chomainn Ciùil Dhùn Èideann a cheannaicheadh ionnsramaidean bhuaithe. B' esan a fhuair am fiadh a b' fheàrr dha. B' esan a thug beagan airgid dha gus an ceannaicheadh e na h-innealan a bhiodh a dhìth air agus a leigeadh leis ceàrdach bheag fhaighinn air mall. Cha robh fhìos agam air dad dhen a sin aig an àm agus 's math sin oir nan robh bhiodh cùisean air a bhith fiù 's nach duilge dhomh nuair a thigeadh e gu dealachadh. Mo thruaigh. Nan robh fios aig Peadar an uair sin air mar a dh'èiricheadh dha!

Cha chanainn gur e gaol air a' chiad shealladh a bh'ann eadar mi fhèin is Thomas, mas e 's gu bheil a leithid ann ach b' aithne dhomh gun robh rudeigin sònraichte mun duine. Aig a' bhonn b' e dithist a bh' ann an Thomas is Peadar a bha nan samhail dha chèile, an dà chuid nam

pearsa is nan coltas is b' e sin an rud a tharraing mi do dh'fhear seach fear dhiubh. Ach ann an Thomas chaidh rudeigin eile a chur ris. B' ann mar gur ann às an aon chrè a chùmadh iad ach gun deach dreach diofaraithe a tharraing às. Far an robh Peadar stòlda, stuama, bha Thomas aighearach, bras. Far an robh cainnt Pheadair tric mu airgead is dùil bha cainnt Thomais mu euchd is ealain. Cha toireadh e fada gus an robh a' chaileag fhaoin air tàladh thuige is cha bhiodh dol às ann an uairsin. Bha fhios agam gum briseadh e cridhe Pheadair nuair dh'innssinn dha mar a bha cùisean, ach bha fhios agam cuideachd nach b'urrainn dhomh a bhith beò ann am breug. Bhiodh esan na b' fheàrr dheth as m' aonais.

Tha gaol dall, mar a chanas iad. Cha ghabhainn ris gun robh uireasbhaidhean an cois gach buaidh aig Thomas; gur e coachlaideachd taobh eile a chuid aighearachd, no iomrallachd taobh eile a chuid ealantais, ged a bha am fianais aig bàrr mo shròine. Bha fhios agam gun deach e a-mach air athair is gun robh buaireadh mì-chneasta air choireigin air a bhith an lùib sin, ged nach toireadh e iomradh air, is gur ann ri teicheadh a bha e nuair a chaidh e a-steach dhan arm. Bha fhios agam gun robh e titheach air deoch. Ged, mar às àbhaist, b' e fear beòthail e, bha greisean ann a bhiodh e dùinte a-staigh ann fhèin. Bha bliadhnaichean fada gu bhith romham gus èolas a chur air laigsean mo dhuine ach a dh'aindeoin sin uile cha do chaill mi gu tur am blàths a dh'fhairich mi dha sna làithean fad às sin. Is tha mi am beachd gun robh esan air an aon ramh mu mo dheidhinnsa. Ged bu tric nach rachadh facial eadarainn no a bhiodh sinn ri trod bha comas daonnan againn togail a thoirt do chàch a chèile le fiamh a' ghàire no faclan faoin. Bha gaol agam dha chun an deiridh is tha fhathast.

Ach bha aon rud ann nach d'fhuair mi air rèiteachadh

nam inntinn agus b' e sin eud. Creididh mi gur e sin am peacadh a bheir mi leam gu Latha mo Breitheanais. Aidichidh mi gun robh eud agam do chàirdean Thomais ris an cuireadh e seachad na h-uiread de dh'ùine. Ach b' e an tè eile ris an do thachair e air an dearbh oidhche a thachair e rium as mothà a phiobraich m' eud. B' e sin an fhìdheall oir b' ise a gheibheadh làmh an uachdair orm rè ùine. Bhon a theann e ris a cheàird bha e air a bheò-ghlacadh ris. Uaireannan cha bhiodh sgeul air fad iomadh latha is e dùinte a-staigh sa cheàrdaich. Bhithinn air mo lèireadh an uairsin leis an smaoin gum biodh e ann a shin a' toirt an seòrsa chùram is làimhseachadh do na h-ionnsraimeadan gaolach aige nach toireadh e a riamh dhomsa. Fiù 's nuair a bha e nam chuideachd bhiodh e tric fad às is fhìos agam gur ann air obair a bha inntinn.

Tuigidh sibh mar a thug mi mar teachdaireachd e nuair a nochd an drongaire ud Billy Begbie air mo stairsich is fidheall aige fo achlais. Mus do dh'fhosgail e a bheul bha fhìos agam air ciod an dròch naidheachd a bhiodh aige dhomh.

Am Mac

Nuir a thogadh mi ann bha Dùn Èideann aig cridhe an t-saoghail an inntinn a' phàiste a bh' annam an uair sin. Ach s' iomadh annas air an do làighe mo shùil taobh amuigh a chriochan chumhang on a dh'halbh mi gu muir. Tha mi air aghaidh a chur air bailtean sluaghmhòr na Roinn-Eòrpa cho math ri dithreabhan farsaing nan tìrean cèin far nach tig duine beò. Dh'fhàs Dùn Èideann nas lugh a is nas fhaide às dhomh rè ùine. Chithinn a shluagh an sùil m' inntinn mar mhuinntir às long-bhriste a' greimeachadh ri creig 's iad fo ionnsaidh aig siantan na h-àird a tuath; mo mhàthair is m'athair nam measg. B' e càs a thug cruth dhan bhaile is b' e seasamh na aghaidh a tharraing a shluagh còmhla.

Le bhith a' coimhead air ais gu làithean m'òige tha mi dhen bheachd gur e sin an diofar eadar baile m' àraich is na bailtean eile air an do thadhail mi; nach b' e dìreach dream a bh' annainn a theàrn air an àite an toir air cosnadh no adhartas. B' e teaghlaich a bh' annainn. Bhiodh buinteanas air choireigin ann a cheangladh gach mac is nighinn a' bhaile a rachadh seachad air a chèile air an t-sràid. Bha sgeulachdan beaga nam buinteanasan sin mar bhiadh gu mo mhàthair is bu tric a dhèanadh i mealadh orra aig a' bhòrd no mun chagailt. Cha robh duine ann a rachadh seachad air an uinneige,

nach biodh facal aice mun dheidhinn; cò iad, cò dom buineadh iad, cò an cliù aca is cò na naidheachdan a lean iad mar thaibhsean sna faileasan. 'Sin Màiri', chanadh i, 'nach ann air an truaghan ud a thàinig an dà latha bhon a bha i pòsta aig a' bhàillidh John Smeaton.' No; 'Sin an t-urramach Daibhidh Cumming. Esan an t-urramach! Is beag an t-urram a bheirinn don mhiniestar phòsta a dh'fhritheileas taigh na Bana-mhaighstir Witherspoon.' Cha d'fhuair mi a-mach gus an robh mi beagan nas sine gur e taigh-siùrsachd a bh' anns an taigh ud. Cha robh cus ùidh aig m' athair sna rudan sin. Shuidheadh e na thost.

Bha muinntir Dhùn Èideann math air caonnag, gu dearbh, mar tha teaghlaichean uile ach an uair a thigeadh èigginn sheasamaid còmhla. Gu ire bheag no mhòr fhuair sinn uile ar cuibhreann de mhath is olc an àite. B' e an aon adhar breun a tharraing sinn is an aon òtrachas a sheachnaicheadh sinn fo ar casan, ach ruigeadh co-dhiùbh boinneagan dhen saoibhreas a dhrùidheadh tron bhaile an fheadhan aig an ire as isle.

Chan ann le bhith a' suidh an achadh a chì thu bàrr a' fàs ach le bhith a' tilleadh thuige an ceann ùine. Chanainn gur ann air sgàth cho ainneamh 's a bhithinn a' tilleadh dhan àite tro na bliadhnaichean a bha mi mothachail gu mar a bha am baile air atharrachadh ann an dòigh nach robh comasach do mo phàrantan no mo sheann charaidean a dh'han. Bhon a thòisichear air a' bhaile ùr a thogail aig bonn na creige tha teaghlaich muinntir a' bhaile air sgaradh. Ar leam gun tèid anam an àite a shlugadh leis an sgàineadh a tha air fhosgladh. Fhad 's a tha muinntir a' bhaile ùir a' toirt a-mach beatha cofhurtail dhaibh fhèin is iad làn thoilichte len cuid tapachd tha an seann bhaile a' sìor-dhol bhuaithe. Bha bochdainn a riamh ann ach nuair a thill mi dhan bhaile an turasa cha bu lèir dhomh ach bochdainn

ceithir-thimhcheall orm is mi a' dèanamh air mo sheann dhachaidh suas tro chùl-shràid chaol, chrotach Lady Stair dhan Lawn Market. Thug e dùbhlan dhòmh mo shlighe a dhèanamh tro na dìolachan-dèirce is na pàistean bochda len cuid làmhan sìnte a chaith iad fhèin orm.

Bha mo phàratan nam pàirt dhen t-seann bhaile seo cho mòr ris na clachan mu thimcheall orra. Bha e do-smaoineachaидh gun rachadh aca air gluasad ged a bhiodh cothrom aca. B' e an toil fuirich far a bheil iad ach gach turas a gheibhinn dhachaidh bhiodh e duilich dhomh faicinn mar a bha iadsan a' crionadh leis a' bhaile aca. Bheir e beagan furtachd gu mo chogais gun do chuir mi airgead dhachadh gu mo mhàthair bho àm gu àm; bhiodh m'athair air a dhiùltadh; ach s'aithne dhomh cuideachd nach do rinn mi sin cho cunbalach 's a b' urrainn dhomh. Tha fhios gur e gnàth nam maraichean uile a bhith a' cosg airgid gun chiall nuair a ruigeas iad port agus cha robh mi fhèin diofraichte bho chàch san t-seagh sin.

Cho luath 's a ghnog mi air doras an taighe dh'fhosgaileadh e le mo mhàthair. Bha e follaiseach dhomh gun robh i air a bhith a' feitheamh orm le fadachd. Chuir e beagan clisgeadh orm a bhith a' faicinn mar a bha an aois a' laighe oirre a-nis, is i caochlaideach air a casan is crùbach nuair a chaidh sinn a-steach dhan t-seòmar bheag. Thabhairn mi taic mo ghàirdean dhi. Bha an teine air a chur thuige is bha poit brota a' goil air an t-slabhraidh. B' ann a riamh tro bhiadh a nochdadhbh mo mhàthair a gaol. Thug i bobhla dhomh is rinn sinn suidhe air a bheing.

Bu duilich leam mar nach d'fhuair mi air faighinn dhachaidh gus an robh tiodhlacadh m' athar seachad, chan ann air a shonsa a bha air siubhal bho uallaichean

beatha, ach gus furtachd a thoirt gu mo mhàthair chòir. Bha mi fhèin is m'athair air fàs fad às bho chèile co-dhiù, gus mu dheireadh bha sinn mar choigrich. Ged b' ainneamh a gheibhinn dhachaидh bu bheag a bhiodh aige ri innse dhomh. B' i mo mhàthair a bhiodh a' sgiathalaich mu thimhcheall an taighe bhig is s' i a frithealadh oirnne is a' toirt seachad a h-uile criomag naidheachd a bha i air cluinntinn bhon a dh'halbh mi an turas mu dheireadh. Biodh m'athair dùinte a-staigh sna smaointean aige fhèin; sin nuair nach robh e shìos sa cheàrdaich. Aig amannan bha mi dhen bheachd gur ann a bha a' feuchainn rim sheachnad.

'S dòcha gur e fàilleadh na muiltfheola is na fuaraidheachd air an robh mi cho mìon-eòlach is mi nam phaiste a thug mi air-ais gu linn eile nuair a bha mi fhèin is m' athair dlùth dha chèile. Ann an sùil m'inntinn chithinn an cnapach a bh' annam an uair sin a bhiodh a' ruith tron taigh a' cur an àite turach air shearach is m' athair air mo thòir. Chithinn mi fhèin nam shuidh air a ghlùin 's e a' cagar fealla-dhà nam chluais. 'Is tu am balach!' chanadh e rium. 'S beag an t-iongnadh gu bheil thu cho eireachdail is do mhàthair cho bòidheach.' Bhiodh gruaidhean mo mhàthair a' ruadhadh. 'Gun luaidh air d' athair a tha cho dreachail!'

Agus 's iomadh uair a chuirinn seachad sa cheàrdaich còmhla ris nuair a bha mi beagan nas sine. Leigeadh e leam na h-innealan a làimhseachadh is snaidheadh fheuchainn air pìosan fiodha a bha nan laighe mun cheàrdaich. Thog sin fiù 's fidheall shlàn còmhla. Bha mi cho moiteil às aig an àm ged 's cinnteach nach e ach inneal flor gharbh a bhiodh ann nach biodh gu mòran feum. Ged nach tuirt e sin chan eil teagamh gun robh e airson 's gun leanainn e na dhreuch. Ach chan e sin an seòrsa obrach a chòrdas ri fear òg a tha a cheart cho dàna sa tha e fada na cheann. 'S dòcha gur e sin a chuir

an t-astar eadarainn, is gur e mise a chuir cùl risan nuair a dh'halbh mi gu muir. Cha eil fios agam is cha bhith gu bràth.

Air dhuinn ar cuid naidheachdan a thoirt seachad dh'han mi fhèin is mo mhàthair greis mhath anns an t-seòrsa sàmhchair chofhurtail as aithne don fheadhainn a-mhàin aig a bheil dàimh dhomhain gu càch a chèile. A' dh'aindeoin an-fhainne corp mo mhàthar bha sith is sonas na sùilean is thug sin sòlas dhomh. Nuair a thàinig an t-àm dealachadh thug mo mhàthair orm seasamh is sheas i fhèin le beagan taic buam. Thog i mullach an t-suidheachain air an robh sin air a bhith nar suidh, a' toirt am fianais a' chiste fodha. Na bhoirinn, na laighe air cruach anairst is aodaich, bha fidheall. Chithinn sa bhad gur e ionnsramaid finealta a bh' innte. Bha am fiadh dhen inbhe as àirde le snuadh rèidh is pàtaran ionann-bheàrnach, teann air, is bha an obair snaidhidh a chaidh a dhèananamh air a chùm inneal-ciùil a tharraig às ealanta is gun mheang. Thog mo mhàthair i na gairdeanan mar gur e naoidhean a bh' ann is shìn i thugam i.

'S e seo obair dheireannach d' athar. Leatsa a bu chòir dhi a bhith! 'S i an aon dileab a dh'fhàg e agad co-dhiù.'

Reòth mi tiotan gun fhìos agam mar bu chòir dhomh gabhail ris an tabhartas gun iarraidh. 'S fheudar gun tug mo mhàthair an aire dom aindeoin is phut i an fhìdheall dham ionnsaigh. Cha rachadh agam air a diùltadh. Co-dhiù a bha mi ga h-iarraidh gus nach robh, leamsa a bha i gu bhith.

Mus tug mi bhuaipe i chuir mi mo làmh am poca mo bhriogais far an d'fhuair mi leth-chrùn is chàraich mi sin air a' bhreus. Le annas-làimhe m'athar fo m'achlais shiолp mi tron doras mus robh cothrom aig mo mhàthair

am bonn a thilleadh thugam is mheath mi a-steach gu
dorchadas a' chlobhsa.

Am Bràthair

B' e mo mhiann a riamh a bhith san t-suidheachadh sa bheil mi an-diùgh. Cha bhi dìth corporra orm cho fhad 's is beò mi. Cha bhi dith air mo theaghlaich às mo dhèidh. Tha mo thaigh sgeimheach is diongalta is e air a fhrithealadh le seirbheantan a dh'fhreagras ar n-uile feum. Tha gnìomhachas agam nam ainm a tha seasmhach is soirbheachail le meuran aige fad is farsaing tron Roinn-Eòrpa. Fhuair mo dhithis mhac na cothroman nach d'fhuair mise air foghlam, le slighe fhosgailte aca na dhèidh a-steach dhan gnìomhachas mas e sin an toil no, mur e, do dh'obair mhath a thig thuca gun sireadh. Tha mi riaraichte gur e beatha rèidh a tha gu bhith fa near dom nighinn ri linn a' gheallaidh-phòsaidh aice do dh'fhear lagh.

An cois soirbheachais thig stòldachd, is tha mi mothachail nach ionann am fear stòlda a th'annam an-diùgh is am fear òg innsgineach a bh' annam. Saoil dè am beachd a bhiodh aig an fhear òg sin orm? Beachd tàireil 's cinnteach. B' iad sin làithean buidhe mo bheatha; na làithean a chuir mi seachad san t-seann bhaile nam òige le strì is cunnart a' cur spònadh annam. Bha beòthalas is tionnsgalachd an àite an uairsin an cor-rèir ris a chuid salachair is breunachd. 'S iad na h-adhbharan a theich mi bhon àite na h-aon adhbharan a

tha mi ga ionndrainn. Air a chorra uair a thig orm tilleadh ann air cheann ghnothaich tha mi a-nis nam choigreach san àite. Nuair a dh'fhàgas mo charbad Drochaid ùr a Tuath, is a thionndaidheas mi a-steach dhan àrd-shràid tha mi a' faireachdainn mar gu bheil mi air siubhal gu saoghal eile; mar gu bheil mi air siubhal tro tim gu làithean a dh'aom.

Fiù 's na daoine don robh mi dlùth is a dh'fhan, tha astar air tighinn eadarainn is ar còmhradh teabadach, gun mòran air fhàgail againn an cumantas. Cha tuig iadsan mar a tha iad reòite ann an tim; mar a tha fiù 's an aodach aca air fàs seann-fhasanta is samh an t-seann-bhaile daonnan maille riutha. Gun fhiosta dhaibh tha iad a' crionadh leis an àite. Fàgaidh na sùilean casaideach aca, a chuireas fa near dhomh mo chuid brathaidh, an-fhoiseal mi.

Ach chan eil na sgaraidhean sin ach suarach an coimeas ris an sgaradh a thàinig eadar mi fhèin is mo bhràthair is a bhean. B' e an rud a bu duiliche leam nach eil rian a bu chòir dha cùisean a bhith mar sin. Nan cuireadh tu a' cheist air mo phiuthar-chèile 's cinnteach gun innseadh i dhut gun do bhris mar a thachair mo chridhe. Agus bhris. Ach 's e duine prataigeach a th' annam is cha robh mi gu bhith a' laighe fada an leabaidh mo fhèin-thruais. Bhogaich mi mi fhèin nas doimhne an obair is cosnadh is rè ùine, le traoghadh mo bhròin, 's ann a dh'fhàs mo shaoibhreas. B' e seo mo fhreastal. Nuair a thàinig an t-àm ceart fhuair mi bean a fhreagaireadh orm. Cha rachainn às àicheadh nach eil an aon seòrsa bhoile air a bhith eadarainn is a bha eadar mise is Janet, no co-dhiù, a bh' agam dhise. Tha fhìos gur e rud a bhuineas dhan òirgridh fhaoin th' ann am boile, rud nach mair. 'S e rud nas seasmhaiche a cheangaileas mi fhèin is mo bhean agus 's e seo tuigse. Tuigidh sinn ar n-àitichean san t-saoghal is ar

dleastanasan dha chèile.

Ma fhuair mise, a dh'fhuiling, seachad air mar a thachair ciamar nach do shlànaich an sgaradh sin? Cò as coireach ach mo bhràthair baoghalta! B' e a riamh fear rag, fada na cheann, a bh' ann dheth. B' aithne dhomh gum biodh am brath a chuirinn thuige iomadh uair gun stà is e fo bhràighdeanas cionta is pròis nach leigeadh leis freagairt a thoirt dhomh. Mu dheireadh thall thug mi suas. Shìn an sgardadh eadarainn thar nam mòrbhliadhnaichean nach robh sinn a' faicinn a chèile gus an tugadh dhuinn an sgaradh nach gabh leigheas.

B' e faochadh a bh' ann dhomh nach tug mac mo bhràthair, Calum, a dhìorras bhuaithe, agus gun robh e leigte ris a bhith a-mach is a-steach an taigh againn bhon a bha e òg gus an robh e mar mhac dhomh fhèin is dom bhean is mar bhràthair dar cuid cloinne. Tha e mì-choltach gum biodh a phàrantan gu tur aineolach mu na sgrìoban a bheireadh e a-mach tron bhaile, fon choill mar gum biodh, gus tadhal oirnn fo leisgeul air choireigin. 'S dòcha nach do chuidich sin le cùisean. Cha bhiodh e na chuideachadh nas mothà gur mise a thug obair dha is an cothrom a bhith a' siubhail bho cladaichean àraich air aon de na longan agam an uair a thàinig e thugam is e an geall air triall is euchd. Bha mi coma. Bu mhotha an dleastanas a bh' agam cothrom a thoirt do dh'òigear le beatha roimhe, na an dleastanas a bha agam do bhràthair a bha air a chùl a chur riomh.

Thug e solas do bheatha duine a bha air fàs doilleir, a bhith ag èisteachd ris a naidheachdan nuair a bhiodh e air tir is a thadhaileadh e orm. Chuir e nam chuimhne mi fhèin nuair a bha mi òg; nas mothà na a' chlann agam fhèin chanainnsa. 'S e taingealas rud a thig le aois, saoilidh mi, agus is mòr mo bhuidheachas son na tamallan sona, beaga a chuireas sinn seachad còmhla

san oifis agam le glainne phortair nar làmhan is briathran bioganta air ar teangannan.

Cha robh mi idir an dùil ris mar a thugadh naidheachd bàs athar buaidh orm. Bhuaile orm mar suail a sgaub air falbh a h-uile mìr feirg a bh' agam dha is a lion mi le bròn. Cha b' e bròn dìomain a bha seo a' laigheadh orm mar sgàil is a dh'fhalbhadh cho luath 's a thàinig e, ach bròn leantalach a dhrùidh a-steach gu mo smior; ge b' oil leam. Mar as mothà a chladhaich mi a-steach tro fhilltean mo mhulaid tro na làithean is na seachdainean a lean, b' ann a bu mhotha na rudan a thàinig am follais. Thàinig mo ghaol do mo bhràthair a chiad a thiodhlachadh gu domhain annam ach nach do dh'fhalbh, is na chois thàinig am bàrr ionndrainn don a h-uile rud a dh'fhalbh leis is ris is nach do chaoidh mi roimhe. Bha ionndrainn ann dar teaghlaich is dom phiuthar bhig a chaochail na naoidhean. Thigeadh gu m' aire na seann charaidean a bha mar choigrich dhomh anis is cuid a bha air a dhol air dìomchùimhne orm gu tur. Ged a dh'fheuch mi ri a diùltadh thigeadh iomhaigh Janet thugam is i fhathast òg, bòidheach. An sùil m' inntinn chithinn an seann bhaile mar a bhe e nam òigridh is na ceàrnan a b' àbhiast dhomh frithealadh.

Chan fhaigh faireachdainnean teàrmann eadar togalaichean greadhnach a' bhaile ùir. Chan eil tàbhairn ann far am bàthar mulad is far am faighear caidreachas. Chan eil duine a-muigh air an t-sràid ris am faigh mi facal san dol seachad. Chan fhaighear cuideachd bhoireannaich mhìrich gun leòm a thogas sunnd fir. Cha ionann na rudan sin agus na comainn is na bùird-stiùiridh anns a bheil mi an sàs far nach fhaighear ach còmhchradh tioram mu ghnìomh is airgead. Fiù 's cèol; a b' àbhiast a bhith na shòlas dhomh tro na bliadhnaichean; cha toireadh e faochadh dhomh. Mar duine a tha cleachdte ri smachd is rian chuir e clisgeadh

orm gun robh mi an cunnart a dhol fodha is mi a' fàs dùinte annam fhèin is a' seachnadh cuideachd. Nuair nach rachadh agam air cuideachd daoine a sheachnadh chuireadh e cais orm cho mosach is goirid a bhithinn riutha. Cha b' e sin mo ghnè. Cha d'fhuair mi gu far a bheil mi an-diùgh le bhith a' dèligeadh le daoine an dòigh a tha mì-reusanta. Ach cha robh impidh ga chur orm atharrachadh oir cha chluinnear leis an fhear chumhachdad, bheirteach an fhìrinn mu dheidhinn fhèin bhon fheadhainn a tha maille ris.

B' e a' chiad rabhadh a fhuair mi gun robh cùisean air a dhòl tuilleadh is ro fhada gun do dh'fhalbh searbhanta na scuillearaidh againn fo diomb às dèidh dhomh èigheachd oirre ri linn mì-ghniomh suarach air choireigin. Feumaidh gun robh mhisneachd air a bhith aig mo bhean nuair a thàinig i thugam às dèidh làimh a dh'innse dhomh gun robh mi ceàrr. Ged a chuir seo fearg orm aig an àm tha mi a-nis gu mòr na comain. B' ise an aon duine a chuireadh an fhìrinn romham. B' ise a thug orm aithnicheadh nach seachnainn atharrachach tuilleadh. B' e riamh fear dèanadach a bh' annam agus bha fhios agam gur ann tro ghnìomh a thigeadh an t-atharrachadh seo. Bha mi feumach air dùbhlann ùr a bheireadh spionadh às ùr dha mo bheatha.

Feumaidh gur ann air thiuteamas a thàinig an gnogadh air doras m' oifis aig an dearbh àm seo is a choisich Calum a-steach. Thug e an fhìdheall a bh' aige fo achlais na làimh is chàraich e air an deasg agam i.

'Seo dileab m'athar.' thuirt e. 'Chan eil fhios agam de ni mi leis'.

Lean greis de shàmhchair eadarainn. Thog mi an ionnsramaid far an deasg is sgrùd mi i. Cha neach-ceàirde mise, ach fiù 's dhomhsa b' e rud ealanta a

bh'ann. Bha mi teaghmhach gur ann le mo bhràthair a bha i. Charaich mi beagan nam làmhan i gus an do bhoillsg solas bhon uinneig tron toll F is a thàinig ainm sgrìobhte mo bhràthar am follais bho cùl na fidhle. Bha mo theagamh gun bhonn.

'Agus dè nì mi leis nach dèan thusa?' Dh'fhaighnich mi dheth.

'Tha sibhse eòlach air tòrr dhaoine a tha an sàs ann an ceòl. 'S dòcha gur aithne dhuibh cuideigin a bhiodh deònach beagan airgid a chosg oirre a chuireas mi gu mo mhàthair'.

Cha b'fhiosraich do Chalum a riamh mu na thachair eadar mi fhèin is a mhàthair no ma b' fhiosraich chan chanadh e facal mu deidhinn nam chuideachd.

'B' fheàirrde gun tèid a cur gu feum'. Thuirt e.

An Ceòladair

Nuir a choisich Peter Lennox a-steach do *châfe les Aveugles* anns a' *Phalais Royal* b' ann mar nach robh na 30 bliadhna air a dhol seachad idir bhon a choinnich mi ris son a' chiad uair ann am Paras. Bha mi a' cluich air àrd-ùrlar cuingichte a' chafaidh nuair a ghlac e mo shùil 's e a' tighinn tron doras. Cha mhòr nach do stad mi a chluich leis cho mòr 's a bha an t-iongnadh agam. Bha an aois a laighe air mar a bhiodh dùil; fhalt air a liathadh is a mhionach air leudachadh mar as iomchaidh do dh'fhear a tha air soirbheachadh na bheatha ach cha b' urrainn dhomh gun aithneachadh na shùilean an aon choltas dian, túrail dhan tug mi an aire a' chiad uair a choimhead iad orm. Às dèidh dhomh crioch a chur air a' phios ciùil chaidh mi a-null gu far an robh e na shuidh aig cùl an t-seòmair san leth-dhorchadas. Thug e gaire orm nuair a theann sinn le cabadaich leis a' bhlas neònach a bha fhathast air a' chuid Fhraingis is mar a chuireadh e na faclan an alt a' chèile an dòigh neo-iomchaidh air chorra uair. Ach cha chuireadh uireasbhaidh canain bacadh air a dheas-bhriathrachd no a bhriodal. Tha cailleach a cheart cho lag ro sodail sa tha caileag is nuair a chuir e an aon cheist orm 'An tig thu a Dhùn Èideann a chluich', ghèill mi ris dìreach mar a rinn mi an oidhche ud fichead sa deich bliadhna air ais.

Bha an dithis againn air triall ar beatha a shiubhal bhon latha sin; esan gu bhith na mharsanta buadhmhòr, mise gu bhith nam neach-ciùil fèillmhòr is bha sinn air ais gu far an do thòisich sinn. Tha am beatha sin agam a-nis na shineadh air mo chulaibh mar tìr fharsaing, ach chì mi gu bheil tamallan ann nam thaisteal a sheasas a-mach mar a sheasas sliabh is beinn a-mach à faiche. Ged a tha an oidhche ud fad air falbh air fàire a-nis tha e fhathast a' deàlradh dhomh an sùil m'inntinn. Chì mi innté na crùn-choinnlearan os mo chionn a bha mar sgaothan èisg air an glacadh an solas na grèine is a chuir lainnir air a h-uile annas a bha fam chomhair. Chì mi an t-seann-shalonnière dhall, Mme Duffand, a bu leis an *appartement* san *ilot Saint Germain* is i na suidh gu sgèimheil san oisinn a' cumail cluas ri claisneachd ris a h-uile rud bha a' dol roimhpe. Bha nighinn a bràthar, an tè òg *Mlle de Lepinnase*, na dreasa thomadach is gaotharan aice na làimh a' gluasad gu grinn, siùblach, mar nach robh na casan aice a beantainn ris an ùrlar idir, eadar a h-aoighean. B' iad sin cuid de na daoine as uaisle a lorgte anns an Roinn-Eòrpa. Bha cùirtearan ann is uachdarain mòra, is sgapte nam measg, cuid dhen luchd-ealain is na feallsanaich as cliùtiche a bh' ann aig an àm, gach tè is fear na obair-ealain fa leth nan èididhean ioma-dhathte is gruag a ghabhadh latha air fad a chur air dòigh.

Ged as tric a tha mi air a bhith am measg nan uaislean bhon uairsin tuigidh tu mar a thug a' chiad sealladh agam air an t-saoghal mhìorbhailteach seo buaidh air caileag aig 20 a dh'aois a fhuair togail iosal. Bha mi mar an duine don as lèir beathaichean cian-thìreach air nach do laigh a shùil roimhe. An oidhche ud thuig mi gun robh na rionnagan san iarmailt uile a' deàlradh dhomhsa. Bha mo chliù a' sior dhol am meud. Cha b' fhada ron a sin a bha diùc saidhbhir air mo chluinntinn aig consart aig an

fhèill *Saint Laurent* is a thug e dhomh an fhìdheall luachmhor Eadailteach. Bha an ceòl a thàinig aiste an taigh *Mme Duffand* an oidhche sin cho binn 's a chuir e iongnadh fiù 's orm fhèin is bha fhios agam gun robh mi làn àiridh air a' mholadh a fhuair mi bhon luchd-eisteachd às dèidh làimhe. B' aithne dhomh gun robh mi air ire a ruighinn is nach rachainn an comhair mo chùil bho seo a-mach.

Bha an dithis againn, mise is Peter, nar daoine bhon taobh a-muigh an uair sin a leigeadh a-steach gu àras nan uaislean air sgàth ar tàlaingt; mis air cheòl, esan air marsantachd agus b' e sin a tharraing sinn còmhla. Dh'aithnich sinn am miann son adhartas an sùilean càch a chèile. Fhuair sinn àite aig oisinn an tala far am faiceamaid na bha a' dol gun a bhith na mheasg, oir bha sinn mothachail nach b' e ar n-àite dligheach a bhith am measg uaislean, is theann sinn ri bruidhinn. Nach taintneach an cainnt a bh' agad do chaileag òg an oidhche sin a Pheadair? Nach iomadh rubha ris an do shuath do sheanchas! Chuir thu fo sheun mi le sgeulachdan mu do chuid siubhail is na h-uaislean ris an do thacair thu an cois na h-obrach a bhiodh tu a' gabhail os làimh às an leth is a thug a-steach thu dhan t-saoghal aca. Bu tusa a sholair do *Mhme Duffand* am fion nar làmhan, thuirt thu. Cha chuirinn às d'aicheadh gun robh thu meallta nuair a thug thu iomradh air a' bhaile ghaolach agad, Dùn Èideann. Ach tha fhios nach e an fhìrinn ghlan a bh' agad nuair a thuirt gur e priomh-bhaile dùthcha uasail; àite a bha làn ghrinneas is modhalachd? Athens a tuath a chan thu ris, mas math mo chuimhne! Bu chòir fios air a bhith agam gum biodh marsanta math air reic, ach bha mi òg is cha b' fhìosraich dhomh teagamh an uairsin. Cha robh fiù 's fios agam càite an robh Dùn Èideann nuair a ghabh mi ris a' chuireach agad a shiùbhal gu tuath gus cluich aig an talla consaирt a bha air ùr-fhosgladh sa bhaile. B' ann

gu màirnealach a fhuair mi a-mach rè nan làithean a lean 's mi air mo thulgadh air bòrd bàta is a' bogadaich ann an carbadan thar raitheadan garbh a tuath. Mur b' e gun robh an turas cho dùbhlachanach bhithinn air tilleadh air an aon charbad. Aig deireadh ar slighe chuir e iongnadh orm gun robh an carbad a' dìreadh gu ruige bearradh le seann chaisteal gruamach na sheasamh gu h-àrd air a' mhullach. Chaidh geata mòr a' bhaile fhosgladh dhuinn aig bonn na creige is chum sinn oirnn a' dìreadh tron bhaile luideach a ghreimich ris a' chreig fo sgàil a' chaisteil. Abair seallaidean diblidh a bu lèir dhomh bhon charbad le bochdainn is salachar ceithir thimcheall orm. Cha chreid mi nach fhacas seallaidean mar sin air sràidean Pharis bho àm na gorta móire. Nuair a theàrn mi bhon charbad gheàrr a' ghaoth trom fheòil a-steach gu mo chnàmhan. Cha b' e faochadh a bh' ann nas mothà nuair a shocraicheadh a' ghaoth is a dh'èireadh fàileadh a leagadh cathanach tapaidh.

Ach mar a chanas iad; *na toir breitheanas do leabhar a rèir a chòmhdaich*. An aghaidh mo dhùil dh'fhàs mi gu bhith measail air an àite mar thoradh air fialaidheachd a dhaoine. Bha iad cho laghach is coibhneil do thè òg air ùr nochdad sa bhaile aca is cha robh oidhche ann nach robh mi a' faighinn deagh ghabhail rium aig fàrdach làn bàidh is blàths. Chaidh innse dhomh uair is uair cho taingeil 's bha iad son mo chuid chiùil oir 's ainneamh a thigeadh ceòladair caoin-bheusach an taobhsa. Aig gach consart a rinn mi bhiodh an talla loma-làn luchd-èisteachd a bha suimeil. Is iomadh iarrtas a fhuair mi gus leasanan a thoirt seachad; rud a chuidich le mo theachd a-steach. Mus do dh'fhàg mi am baile bha mi mar bhall do theaghlaich beag an àite.

Cha do chuir e bacadh orm gun tugadh mi far rathad mo shoirbheachais tamall oir dh'fheith beatha buadhdmhor orm aig an taigh. Chanainnsa fiu 's gun do chuidich e

leam gun robh mi air a bhith air falbh. Bha beagan diòmhaireachd gam chuairteachadh is daoine a' fiaghneachd am measg a' chèile cait an robh mi is cò ris a bha mi. Far am bi diòmhaireachd bidh fathann, is far am bi fathann ann mu do dheidhinn bi daoine a' gabhail üidh annad. Chaidh mo mhisneachd a thogail leis a' mholadh a fhuair mi ann an Dùn Èideann is bha mi deiseil m 'aghaidh a chur air na cosairtean mòra a bhiodh romham.

Nach iomadh car is lùb cràidheatr tron deach mo dhùthaich bhon uair sin is a thàinig air mo bheatha ri linn? Nam chridhe bha mi doannan dileas don *Ancien Régime* is na seann-mhodhan oir chan e reàbhlaid no am mi-rian a thig na chois rud a chòrdas rium. Bha làn fhios agam gum biodh soirbhechas an eisimeil air dilseachd don rèisim ùr, dìreach mar a bha don t-seann rèisim, ach dè cho tric a chluichinn *La Marseillaise* no *Ça Ira* gun fàs sgìth dhiubh? B' fhèarr leam mille uair a bhith a' cluich do ghràisg onarach ann an cafaidh na do na h-uaislean meallta ùr againn ann an aitreabh grinn. Ged a dh'lobair mi m' inbhe is a dh'lobair mi m'fhidheall ghaolach a thugadh do neach-ciùil eile, ghlèidh mi cò mi is ghlèidh mi an rud as prìseile dhomh; mo cheòl. Ach bho chionn greis bha cùisean air teannachach is cunart ann gun caillinn fiù 's na rudan sin. Leis a' chaothach a bha air greimeachadh air ar dùthaich thigeadh dìteadh an cois gnogadh cinn do choimhearsaich is dh'fhalbhadh e le buille na guillotine. Bha cuid mhath de na sheann chàraidean agam air teicheadh no air a dhol às an rathad mar tha. Fhuair mi brath gun robh an diùc uasal sin a thug dhomh an fhìdheall air fear dhen chiad bhuidheann a fhuair am bàs.

Feumadh gun robh fios aig Peadar nach diùltainn e nuair a thug e dhomh an cuireadh tilleadh a Dhùn Èideann còmhla ris agus b' ann le mo làn dheòin a

ghabh mi ris.

Nuir a ràinig sin an taigh aig Peadar às dèidh na làithean fada de shiubhal againn cha b' urrainn dhomh creidsinn gur e an aon bhaile a bh' ann. Cha b' urrainn don ionhaigh a dh'fheith orm nuair a theàrn mi bhon charbad an turasa a bhith na bu dhiofaraithe bhon chiad shealladh a bh' agam air a' bhaile. Bha na sràidean a shìn fam chomhair leathann is còmhnard le togalaichean greadhnach nan seasamh gu gramail air gach taobh dhiubh. Ghreimich an fhuachd aithnichte orm is tharraing mi mo chòta mu timhcheall orm. Ach ged bha i na fèath bha an àile glan le dìreach fiamh fàileadh na mara na chois. Thàinig an smaoin thugam an uair sin gur e faoinsgeul a bha agam nam chuimhe a chaidh a chruthachadh le mac-meanma caileige. Ach an ath-latha nuair a thadhail sinn air an t-seann-bhaile fhuair mi a-mach gun robh e air mairsinn dìreach mar a bha, cha mhòr; nach diblidhe 's dòcha fiù 's na bha e an uair sin.

Aig cas an t-seann bhaile lorg sinn talla-ciùil an Naomh Cecilia far do chuir mi seachad iomadh oidhche shona a' cluich do mhuinntir a' bhaile uair dhan robh an saoghal. Bha an talla a-nis falaichte fo drochaid àrd am measg togalaichean ùra; air seargadh fo sgàil a choimhearsnaich aibhseach mar gun robh e air a dhol na ghurraban san fhaileas. Bha coltas sgìth a' laighe air aghaidh an togalaich is a chlachaireachd a-nis salach is crionta an àitichean. Bha na clachan-chàsaidh corrach fo ar casan nuair a chaidh sinn sìos cùl-shràid gu far an robh an doras-mòr a-nis a' laighe. Dh'fhosgail Peadar an doras le iuchair a bha aige na phòcaid is chaidh sinn a steach gu doilleireachd an taobh a-staigh. Sheirm mac-talla ar casan mu thimcheall oirnn is e air a mheasgadh le seann chùimhneachan, is sinn a' dèanamh ar slighe tron talla ugh-chruthach gu doras aig a chùl. Air taobh

thall an dòrais seo dh'fheith stòras de sheann ionnsramaidean-ciùil oirnn. Air a stobadh san oisinn bha seann chlavichord dhen t-seòrsa nach fhaca mi bho làithean na h-*Ancienne régime* is air a bheulaibh bha dà viola de gamba a' laighe air an druim direach gun ach corra teud air fhàgail orra. Sgapte nam measg bha pìosan de dh'ionnsramaidean gaoithe. Ann an oisinn eile sheas dà chlàrsach, nan leth-phàistean, le casachain is teudan briste is còmhdaich duslaich air am mullach. Aig an casan bha cnap de dh'fhìdhlean nan spealagan.

Am meadhan an t-seòmair bha bòrd is air a' bhòrd bha bogsa fidhle. Chaidh sinn a-null dhan bhòrd is dh'fhosgail Peadar am bogsa. Thog e am pìos clòtha a chòmhdaich an ionnsramaид na bhroinn a' toirt am follais fidheall eireachdail na laighe an leabaidh mhealbhaid deirge.

"S e Seo obair dheireannach mo bhràthar', thuirt e. 'Bheireadh e mòr thoileachas dhomh nan cluicheadh sibh i aig a' chonsart a-noch fhathast'.

Coda

Às-earrann bhon Chaledonian Clarion 28mh Sultain
1793

Of late audiences at St Cecilia's music hall have been reduced somewhat on account of the recent opening of the Assembly Hall in the city's new town. Friends and associates of the Edinburgh Music Society must therefore have received no little pleasure on witnessing their hall one again filled to capacity on the occasion of a concert given by the renowned French violinist, Louise Guilladot, on the evening of this Friday last. Many of those attendees at the recital of more advanced years will hold cherished memories of the occasion of Mme Guilladot's visit to the same venue some thirty years previously when she captivated our city with her dazzling performances on her fine violin created at the hands of the Italian master Giuseppe Guarneri.

The said concert was undertaken on the proposal of Mr Peter Lennox, who has been a long standing and active member of the Society from it's inauguration, for the benevolent purposes of assisting the widow of his late brother who has found herself is compromised circumstances. Mr Lennox will no doubt be satisfied with the amounts raised in pursuit of this noble purpose. The

widow, Mrs Janet Lennox, was among a small number of friends and acquaintances of her late husband in attendance and was seen to be seated in the front row in the company of her brother in law, her son, Calum Lennox, and William Begbie, a close friend to Thomas and one of the last remaining members of the illustrious society know as 'The Boars'.

Like his brother Thomas proved himself a worthy son of our city producing many a fine string instrument comparable in quality to those created by the most pre-eminent of luthiers in Europe, thus attaching to himself a well deserved reputation as 'The Scottish Guarneri'. It was on one of Mr Lennox's violins that the artist performed and its sound was generally considered to be of a tone and timbre commensurate with that of its Italian progenitor on which Mme Guarneri performed those many years since.

Nochd dithis fireannaich tro doras ceàrdaich bhig ann an cùl-shràide taobh an *Lawnmarket*. Bha fear dhiubh mu 30 bliadhna a dh'aois is am fear eile mu thrithead bliadhna na bu shine. B' fhada bhon a chaidh an stòbha beag ann na oisinn a' cheàrdaich a lasadh is bha an seòmar fuar is fuaraidh. Cha robh air fhàgail ach fiamh dhen fhàileadh ioma-fhillte a b'èbhaist a bhith a' lionadh an àite. Bha còmhdach tana duslaich a' laighe air a huile uachdar. Theann am fear sgaireil òg, le craiceann air dath nan sian, ri gluasad mun chèardach is a shùilean a' siubhal na h-oibseactan mu thimcheall air. Chaidh am fear a bu sine, a' bha a' giùlan rud beag cus cudrom mu mheadhan a-null gu far an robh stòl gus an cudrom seo a thoirt far a chasan.

'Gheibh mi cuideigin a ghabhas os làimh a' cheàrdach.' thuirt e ' ach chan fhaigh mi mòran son an stuth a tha na bhroinn. Cha eil luach anns na fuighill fiodha sin agus 's

beag an luach a th' anns na h-innealan. 'S fhada bhon a chaidh a' chuid as mothà dhiubh a dholaidh'.

Bha am fear òg a' cur caran de sheann sgealb na làimh is inntinn fad air falbh an àm eile.

'Tha cuimhne agam,' thuirt e, 'air uair eile a bha mo làmh air an sgealb seo. Tha cuimhne agam air làmh m' athar a bhith mun làimh agam fhèin ga stiùireadh.'

'Gheibh mi cuideigin a chlòras an t-àite.' chum am fear a bu shine air.

'Fhios agaibh uncail gun do għluais rudeigin annam nuair a chuala mi an ceòl sin a-raoir. Cha b' e ceòl riamh rud a thug mòran bhuaidh orm gu ruige seo. Ach nauir a chuala mi an ceòl sin.. nuair a chuala mi sin.. Chan eil na faclan agam a chuireas an cèille m' fhaireachdainnean mu dheidhinn.'

"ille, tuigidh mi sin; 's e rud nach cuirear am faclan idir, am buaidh a bheir ceòl oirnn. Dhomhsa tha ceòl air a bhith na bheathachadh fad mo bheatha. B' e an aon rud nach do dhiùlt mi a riamh; ach 's dòcha air son tamall as dèidh bàs d' athar'.

'Saoilidh mi gun tàinig caochladh air choireigin sa ghaoith a shèideas nam shèol. Bha mi cinnteach às mo cheann-uidhe nuair a chaidh mi gu muir bho thùs is mi nam bhallach dhàna, ach a-nis.... a-nis; chì mi gu bheil mi air a bhith gun stiùir son grèis. Fàsaidh duine searbh de dh'allaban. Chan e nach eil mi taingeil son a' cothroim a thug sibh dhomh, oir tha; tha mi tuilleadh is taingeil son an iomadh iongntais a chunnaic mi nam thriall. Ach 's dòch gu bheil an t-àm agam port a lorg'.

Dh'èirich am fear a bu shine bhon stòl is chaidh a-null

dhan uinneig bhig. Dh'han e an sin tamall na thost,'s e a' dur-coimhead air an t-sräid a-muigh.

'Dè an rud a tha thu ag iarraidh orm?' thuirt e mu dheireadh thall.

'S aithne dhomh ceàrd an luthier. Tha fios agam gun robh liut air choireigin agam air, b' e m'athair a thuirt sin, ged a dhiùlt mi e an uair sin. Nuair a chuala mi an fhìdeall sinn a-raoir b' e guth m' athar a bha mi a' cluinnntinn. Tha fios agam, nan robh na rudan a bhiodh a dhìth agam, gun soirbhicheadh leam. A bharrachd air sin, ma dh'fhanas mi tamall sa bhaile thèid agam air sùil a chumail air mo sheana-mhàthair is beagan furtachd a thabhairn dhi sna bliadhnaichean mu dheireadh a bhios i nar cuideachd'. Chàraich am fear òg an sgealb teirigte air a' bheing air a' bheulaibh is thionndiadh e ri bràthar-athar.

'Saoil an e mise a chuireas taic ris an iomairt ùr agad?'

Rinn an seann fhear sogha-gàire ris an fhear òg.